

BNIOMH

1. Dèan mapa a' sealltainn cò às a thàinig na Gàidheil, agus ciamar a ghabh iad smachd air na Cruithnich, na Breatannaich agus na Angles gus Alba a stèidheachadh.
2. Faigh a-mach càit an urrainn dhut bruidhinn, èisteachd, coimhead agus ionnsachadh mun Ghàidhlig.

Ged nach eil ach mu 1.8 sa cheud de mhuinntir na h-Alba (barrachd air 90,000 neach) aig a bheil comasan sam bith a thaobh a bhith a' bruidhinn no a bhith a' tuigsinn Gàidhlig, tha a' chànan fhathast na phàirt mhòr de eachdraidh agus cultar na dùthcha. 'S e cànan Ceilteach a th' anns a' Ghàidhlig, gu math càirdeach ri Gàidhlig na h-Èireann agus Gàidhlig Eilean Mhanainn. Tha cuideachd Cuimris, Còrnais agus Breatnais mar phàirt de na cànanan Ceilteach.

EACHDRAIDH

Cha robh a leithid de rud ri Alba ann nuair a thàinig Gàidhlig an toiseach gu Earra Ghàidheal (Argyll sa Bheurla), 'costa nan Gàidheal', anns a' chòigeamh linn. Bha na Gàidheil air a thighinn a-null à ceann a tuath na h-Èireann, a' toirt rìoghachd Dhal Riata leotha. Thairis air na linntean rinn iad an slighe 'n ear, a' gabhail smachd air na Cruithnich, agus gu deas far an do ghabh iad smachd air far an robh na Breatannaich agus na Angles. Mus tàinig an 11 linn bha na Gàidheil air smachd a ghabhail air a mhòr chuid de dh'Alba mar a tha sinne eòlach air an-diugh.

Bho bhith aig sàr àrd ìre mìle bliadhna air ais, tha a' Ghàidhlig air a bhith a' sìoladh às bhon uairsin. Bha buaidh aig fasanan agus modhan ùra 's na cùirtean, far an deach Fraingis a chleachdadh, agus an uairsin thòisich barrachd Inglis a' tighinn a-steach, ann am pàirtean den ear agus de cheann a deas na h-Alba. Dh'fhàs Inglis gu math luath agus tro ùine 's e A' Bheurla Ghallta a thàinig air a' chànan seo. Bha Gàidhlig ann an suidheachadh aig deireadh na Meadhan Aoisean far an robh i air a bruidhinn air Ghàidhealtachd agus Innse Gall. Eadar an 15mh agus an 19mh linn, chaidh iomadh Achd Phàrlamaid a chur troimhe a bha a' cur sìos air a' Ghàidhlig gus feuchainn ri sgiùrsadh a-mach

à bith, nam measg nuair a thàinig Beurla gu bhith na cànan teagaisg sna sgoiltean. Thug tachartasan leithid An Ath Leasachaidh, Call nan Seumasach, Fuadach nan Gàidheal, call anns na cogaidhean Napoleonice agus an uairsin dà chogadh mòr buaidh mhòr air a' Ghàidhlig.

AN SUIDHEACHADH AN-DIUGH

A dh'aindheoin sin bha Gàidhlig fhathast ga bruidhinn anns na h-Eileanan agus air a' Ghàidhealtachd, agus an-diugh tha gluasadan a' gabhail àite gus piseach a thoirt air àireamhan luchd-labhairt. Ann an 1997 chaidh Ministear airson na Gàidhlig a chuir an dreuchd agus ann an 2005 chaidh Achd na Gàidhlig a stèidheachadh gu h-oifigeil. An uairsin, chaidh Bòrd na Gàidhlig a chur air bhonn, buidheann poblach le dleastanas airson cùram a ghabhail airson a' Ghàidhlig a chumail mar chànan oifigeil aig a bheil an aon urram ri Beurla ann an Alba.

Tha ceòl agus na h-ealain Ghàidhlig a' còrdadh gu mòr ri daoine, agus tha iad sin air an taisbeanadh gach bliadhna aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail. Cuideachd chithear mòran

GEAMA

Nach cleachd thu do sgilean cànan tro bhith a' cluiche nan geamaichean a tha rim faotainn air Gàmag.

de chleachdadh na Gàidhlig aig fèisean leithid Celtic Connections ann an Glaschu agus Fèis Cheilteach Innse Gall. Tha cuideachd sianal telebhisean, BBC Alba, ann airson daoine aig a bheil ùidh sa chànan agus stèisean rèidio Radio nan Gàidheal. 'S ann am foghlam a tha na leasachaidhean as cudromaiche air gabhail àite. Bho dh'fhosgail a' chiad Aonad tro mheadhan na Gàidhlig ann am Brèascleit ann an 1986 (far a bheil a h-uile cuspair air a teagasg tro mheadhan na Gàidhlig) tha gluasadan mòra air gabhail àite air feadh na dùthcha. Tha 59 bun-sgoiltean a' tabhann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig le 32 àrd-sgoiltean le Gàidhlig mar chuspair aig diofar ìrean.

Ged a bha cunntas-sluaigh 2011 a' sealltainn gu robh na h-àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig a' tuiteam beagan ann an Alba, bha àrdachadh anns an àireamh de dh'òigridh fo aois 20 aig an robh a' chànan. Thuirt Riaghaltais na h-Alba gu robh na toraidhean seo na mhisneachd mhòr don chànan.

LOIDHNE-TÌM

Alba - 5mh linn

'S iad na Cruithnich a bha anns a' phàirt seo de Bhreatainn. Chan eil mòran fiosrachaidh againn mun deidhinn seach nach do dh'fhàg iad càil sgrìobhte. Aig an àm seo, thàinig treubh às Èirinn, na Scotti, gu taobh siar na h-Alba far na stèidhich iad iad fhèin ann an Earra Ghàidheal.

Sasainn - 5mh linn

Bha na Breatannaich a bha a' fuireach ann an Sasainn, mar a dh'aithnichear e an-diugh, fo smachd na Ròmanaich. As dèidh dhan seo tuiteam às a chèile, bha treubhan Anglo-Saxon, ann an àireamhan gu math mòr, a' dèanamh an slighe gu deas agus chun ear agus a' gabhail thairis bho na Breatannaich a bha ann ò thùs.

An Fhraing - 5mh linn

Bha an Fhraing, mar a tha sinne eòlach oirre an-diugh, air a bristeadh ann an dà leth far an robh na Franks gu tuath agus na Visigoths gu deas. Anns an ear bha na Burgundians agus bha Breatannaich a bha air teicheadh bho na Anglo-Saxons anns an iar. 'B iad na Franks a fhuair smachd air an sgìre seo mu dheireadh thall.

Welcome to
Scotland
Fàilte gu Alba

